NOTA TEICNIGEACH TN701 / Am Faoilleach 2018

Smachd air luachair

Farm Advisory Service

National Advice Hub
T: 0300 323 0161
E: advice@fas.scot
W: www.fas.scot

Geàrr-iomradh

- **Drèanadh a leasachadh far an gabh sin a dhèanamh**
- **Sgrùd agus làimhsich pH san talamh**
- **Brosnaich raon feòir bras dùmhail**
- **Seachain cus ionaltraidh sa gheamhradh, no fo-ionaltradh as t-samhradh**
- **Cleachdadh luibh-phuinnseanan:**
- **Frasadh ro threabhadh agus ath-shìolachadh**
- **Cleachd luibh-phuinnseanan sònraichte gus luachair a chumail sìos staigh-thìr far nach eil e comasach a dhrèanadh**
- **Às aonais luibh-phuinnseanan**
- **Buain luachair ro chur sìl, thoir air falbh na bhuain thu, agus cuir crodh, pònaidhean no gobhair ag ionaltradh air an ath-fhàs ann an sìde thioram**

Ro-ràdh

Tha luachair na dhuilgheadas gu h-àraid air talamh feòir maireannach agus talamh ionaltraidh garbh. Tha e gu h-àraid ri lorg ann an talamh air a dhroch dhrèanadh agus cumanta air raointean aonaich leth-oireach is saoraichte le ìre àrd de dh'uisge.

'S e an luachair bog cumanta (*Juncus effusus*) as bitheanta agus aithnichear e leis an dos de fhlùraichean donna a' tighinn a-mach bho chliathaich na cuiseig anns a bheil brìgh geal leantainneach nuair a sgoltar e.

Luachair bog (*Juncus effusus*) a' sealltainn fàs agus dos fhlùraichean.

Faodar gnèithean eile a lorg ann an Alba, me luachair monaidh (*J squarrosus*) a bhios air ionaltradh le stoc nuair a tha feur gann agus an luachair co-thàthaichte (*J articulatus*) nach fhaighear gu h-àbhaisteach ach ann an talamh bochd fliuch, nach fhiach a leasachadh. Chan eil an luachair cruaidh (*J inflexus*), a dh'fhaodadh stoc a phuinnseanachadh, cumanta ann an Alba. Tha iad uile a' toradh àireamhan mòra de shìol a tha air an sgaoileadh fada is farsaing leis a' ghaoith.



SAC CONSULTING
Part of Scotland's Rural College (SRUC)

Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

Luach Eag-eòlasach

Tha an còmhdach luachair ag atharrachadh bho bhadan beaga gu farsaingeachdan mòra, bho thana gu dùmhail agus bho ghnèithean saidhbhir gu gnèithean bochda, ach bidh a' mhòr-chuid de chluaintean feòir nan àrainn chudromach airson briodachadh is biadhadh raon de bhiastagan, muir-thìrich, mamalan, agus mòran ghnèithean eun.

Bidh dealain-dè leithid fritilean, barran orains, agus biastagan eile a' biadhadh air neactar is poilean bho phlanntaichean leithid bròg na cuthaige, lus-buidhe Bealtainn, sail-chuaich leàna, lus nam buadh agus lus na snàthaid. Tha eòin mar an naosg, an guilbneach 's a' churracag an eisimeil raon-feòir sa bheil taiseachd: tha an naosg agus an guilbneach a' cleachdadh an goban fada airson cladhach a-steach don talamh thais gus boiteagan, biastagan agus daolagan a lorg, ach 's e biadhtaiche lèirsinneach a th' anns a' churracaig, ag iarraidh achaidhean nas giorra agus nas fhosgailte le buitein sgapte no badan luachrach no planntais nas àirde. Bidh a' ghealag-lòin is an uiseag a' biadhadh air biastagan is sìol; a' chorraghritheach, a' chailleach-oidhche bhàn agus an clamhan-fraoich a' biadhadh cuideachd air muir-thìrich is mamalan beaga. Faodaidh am famhalan-uisge a bhios ag ithe luachair agus a' mhaigheach dhonn an lorg air cluaintean tais luachrach.

Tha àireamhan de na gnèithean sin uile air crìonadh, cuid dhiubh gu mòr, mar thoradh air atharrachaidhean ann an tuathanachas, a' gabhail a-steach teinneachadh, dìth stiùiridh, no trèigsinn, a tha air buileachadh ann an call air àrainn thais fhreagarrach agus da rèir sin call ann an iomadachd planntais is bhiastagan. Cuimhnich gu bheil feum aig gnèithean air grunn làraichean eadar-cheangailte airson àireamhan ionadail fuireach ion-obrachail, mar sin bu chòir beachdachadh air àrainnean nan co-theacsa cruth-tìre nas fharsainge.

Ma tha raointean saidhbhir ann an gnèithean, làn de shìtheanan fiadhaich no uisge fosgailte, fuirich bhuapa agus na suath annta, agus seachain a bhith a' buain luachair san t-seusan briodachaidh is flùrachaidh eadar am Màrt agus an Lùnastal. Cuideachd, seachain a bhith a' buain an luachair uile aig an aon àm, an àite sin amais air cuid de bhadan àrda agus cuid de bhadan beaga le bhith buain ann an cuairt thar chairteal no trian den raon gach bliadhna.

Tha sgeamaichean àiteachais-àrainneachd a' tairgsinn phàighidhean stiùiridh do thalamh fliuch agus do raointean-feòir fhliuch, pàighidhean calpa airson buain luachair agus cruthachadh chlaisean uisgeach mar phàirt den phlana tuathanais/croite iomlan.

A' cur casg air plàigheadh

Cuir casg air luachair gu stèidheachadh le bhith buileachadh agus cumail suas achadh dùmhail farpaiseach.

Cuidichidh grunn tomhasan tuathanachais le seo a choileanadh:

- Tha drèanadh math a' lùghdachadh cunnart a thaobh damaist air achadh le poidseadh, agus ag ìsleachadh cothrom air suidheachaidhean fliuch a tha freagarrach do ghinideachadh air sìol luachair.
- Tha cleachdadh air àrd-treabhadh a thuilleadh air feuran leanmhainneach ann am measgachaidhean sìl, a' cuideachadh le stèidheachadh math agus a' leudachadh beatha achaidh.
- Tha aoladh agus cleachdadh cothromach air todhar a' cumail suas torrachas ùirean agus a' brosnachadh fàs math air feur.
- Is urrainn do bhuaidh stampaidh agus ionaltraidh le crodh, gobhair no pònaidhean, cuideachadh le casg a chur air stèidheachadh luachair; ach, bu chòir cleachdadh air crodh no pònaidhean a sheachnadh nuair a tha cunnart ann air poidseadh.

Mar a bhios plàigheadh a' tachairt

Tha mòran ùirean, fiù ann an àiteachan anns nach eil luachair, le àireamhan mòra de shìol luachrach ion-obrachail air an tiodhlacadh ann agus mar sin, tha cunnart plàighidh cumanta ann an raon-feòir. 'S e sìoladairean ginteil a th' ann an luachair agus 's urrainn do shìol soirbheachadh airson deicheadan de bhliadhnaichean san talamh.

Tha aimsir fhliuch earraich a' solarachadh shuidheachaidhean fìor fhreagarrach airson ginideachadh far a bheil badan lom a' tachairt ann an raointean às dèidh crìonadh a' gheamhraidh no cus ionaltraidh agus poidsidh.

Aon uair 's gu bheil iad stèidhichte, tha luachair a' fàs nam badan teann le freumhaichean làidir domhainn. Tha iad a' fàs neo-ghèilleach do dhamaist bho stampadh agus damaist ionaltraidh agus 's urrainn dhaibh suidheachaidhean tioram fhulang, oir tha am brat spongach dùmhail de fhreumaichean a' gleidheadh uisge agus a' lùghdachadh èifeachdas an drèanaidh. Bidh badan luachair gu cunbhalach a' fàs agus a' sgaoileadh tro chuiseagan goirid ag èaladh fon talamh agus a' cumadh badan ùra.



Smachd air luachair

Tha suidheachaidhean achaidh no talmhainn a' stiùireadh dè ghabhas a dhèanamh gus smachd a chur air luachair. Airson smachd fad-amail, feumaidh suidheachaidhean a bhith freagarrach don fhàs làidir air feur a chuireas casg air ath-phlàigheadh. Dh'fhaodadh seo a bhith a' ciallachadh drèanadh, aoladh agus todharadh – obrachaidhean cosgail uile.

Beachdaich air an fhiach buannachd achaidh leasaichte a' chosgais a tha na lùib.

Tha drèanadh gu math tric na bhun-chùis. Faodaidh droch dhrèanadh bacadh a chur air fàs feòir agus cuideachd smachd a dhèanamh duilich. Faodaidh innealraidh trom airson frasadhno smachd cultarach damaist ris nach gabhar, adhbhrachadh ma tha an talamh fliuch. Ann an da-rìribh, faodaidh talamh fliuch bacadh a chur tric air cleachdadh innealraidh.

Tha còmhnardachd na talmhainn agus clachan na bhun-chùis eile. Faodaidh buain a bhith duilich ann an suidheachaidhean clachach no mì-chòmhnard.

Smachd cultarach

Is e treabhadh agus ath-shìolachadh an cruth as cruaidhe de smachd cultarach – feumaidh treabhadh a bhith domhainn agus mionaideach airson a bhith èifeachdach. 'S e roghainn chosgail a tha seo agus chan fhiach e e mura h-eil cùisean drèanaidh is torrachais air an ceartachadh aig an aon àm.

Chan eil buain, ma cheadaicheas an suidheachadh e, cho cosgail. Bidh an seòrsa inneal a chleachdar an urra ri dè tha ri fhaotainn gu h-ionadail. Dh'fhaodadh gur e an roghainn as fheàrr, inneal airson buain agus an luachair a thoirt air falbh – dh'fhaodadh gun toirear feum às an luachair a tha air a bhuain airson leabachadh. Le talamh a tha nas mì-chòmhnard, dh'fhaodadh gum biodh seòrsa de dh'inneal sùiste nas fheumail. Tha anacothrom an lùib seo leis gu bheil e a' fàgail an luachair air a bhuain far a bheil e, ged a tha an t-sùist a' gearradh an luachair na mhìrean as dòcha nach biodh na dhuilgheadas cho mòr a thaobh fàs feòir. Ma tha badan luachair tiugh, dh'fhaodadh gum bi mòran smodail air fhàgail leis an t-sùist a dh'fhaodadh fàs feòir a mhùchadh.

Tha sgrùdaidhean achaidh air an coileanadh o chionn ghoirid le Comann na h-Ùireach a thaobh eìfeachdas buain luachair. Tha iad air lorg gu bheil ionaltradh le crodh às dèidh buain a' cuideachadh le badan fhreumhaichean a bhriseadh sìos, agus gum bi crodh ag ithe ghasan ùr-fhàs an luachair agus mar sin a' cur casg air ath-fhàs. https://www.soilassociation.org/media/7616/rushes-field-lab-topping-notes.pdf

Smachd ceimigeach

Tha co-chur iomlan de phuinnsean lusan (glyphosate) airson an t-seann bhlàr a sgrios na roghainn math ro threabhadh agus ath-shìolachadh.

Far nach eil drèanadh, treabhadh no ath-shìolachadh freagarrach no eaconamach, faodar smachd geàrr-amail a choileanadh le frasadh roghainneil no sguabadh às luibhean.

Frasadh
Tha an luachair cumanta buailteach do na luibh-phuinnseanan, MCPA agus 2,4-D. Nuair a chuirear iad an sàs aig an reat a mhol an neach-saothrachaidh, bidh smachd air luachair stèidhichte gun damaist don fheur. 'S e luibh-phuinnseanan phenoxy a th' ann an MCPA agus 2,4-D a tha a' dèanamh taghadh eadar feur agus gnèithean dhuilleagan leathann. Tha iad glè shàbhailte do ghnèithean feòir, ach a' stad no a' marbhadh raon de ghnèithean dhuilleagan leathann. Thèid stad a chur air clòbhar no a mharbhadh agus dh'fhaodadh gun tèid gnèithean eile le duilleagan leathann air a' bhlàr a mharbhadh cuideachd, a' lùghdachadh iomadachd na gnèithe air a' bhlàr.

Ma cho-dhùinear an luachair a fhrasadh gu roghainneil, bu chòir dèiligeadh leotha fhad 's a tha iad a' fàs bho dheireadh a' Chèitein gu tràth san Iuchar. Tha frasadh tràth nas fhasa agus tha luachair beag nas fhasa a smachdachadh na planntrais air a thighinn gu ìre. Far an gabh e a dhèanamh, cuidichidh buain agus toirt air falbh sgudal marbh mìos às dèidh frasaidh, le leasachadh a' bhlàir.

Chan eil buain ro fhrasadh deatamach ach faodaidh e smachd air seann bhadan stèidhichte a leasachadh a chionn 's gu bheil ath-fhàs òg nas buailtiche do luibh-phuinnseanan; faodar a fhrasadh nuair a tha e 25-30cm a dh'àirde mu mhìos às dèidh a bhuain. Bidh feum air leigheasadh a' leantainn sin san t-seusan às dèidh sin, gus luachair sam bith a ghlanadh air falbh nach tàinig fo làn smachd.

Glanadh luibhean
Tha glanadair luibhean seach frasadh na dhòigh eile a tha èifeachdach. Tha toradh glyphosate mar Roundup air a mheasgachadh le uisge agus air a chur air na pàirtean adharail de na gasan luachair os cionn àirde a' bhlàir. Thoir an aire gu bheil na glanadairean luibhean as ùire gu h-àbhaisteach a' cleachdadh eadar-sgaoileadh glyphosate nas taine; thoir sùil air an stiùireadh bhon t-saothraiche.

Tha damaist do fheur, clòbhar agus gnèithean huilleagan leathann eile ga sheachnadh. Tha mòran diofar sheòrsaichean glanadair luibhean ann – glanadair làimhe, air a shlaodadh às dèidh ATV no air a chur suas air tractar. Bu chòir dèiligeadh leotha nuair a tha an luachair gu gnìomhach a' fàs agus a' seasamh air falbh bho bhlàr air ionaltradh gu teann. Tha feum air dà ruith a' dol an aghaidh a chèile. Dh'fhaodadh gum feum an leigheasadh a dhèanamh a-rithist, gus smachd a chur air an luachair a bha gu h-ìosal fo ìre a' chiad làimhseachaidh.

Faodar leigheasadh a dhèanamh an siud 's an seo anns na seusanan a leanas air luachair a tha fhathast beò, gus bacadh a chur air ath-phlàigheadh.

Cuimhnich nach toir cleachdadh air luibh-phuinnseanan leotha fhèin smachd fad-amail air luachair agus bidh feum air tuilleadh leigheasaidhean a-rithist sna bliadhnaichean às dèidh sin. Ach, tha e feumail air talamh far a bheil drèanadh agus modhan leasachaidh eile air cluaintean, do-dhèante no neo-eaconamach.

Tomhasan leanmhainn deatamach

Mura gabhar ceumannan gus na suidheachaidhean a cheartachadh a lean gun phlàigheadh luachrach sa chiad àite, leanaidh ath-phlàigheadh gu math luath, a chionn 's gum bi eallach àrd de shìol gan giùlain sna h-ùirean. Tha stiùireadh leasaichte air talamh-feòir na phàirt

dheatamaich de smachd air luachair, a' cur taic ri buaidh a' chiad treabhaidh agus athshìolachadh no frasadh. Tha aoladh agus cleachdadh cothromaichte air todhar NPK deatamach gus torrachas ùireach a chumail suas agus fàs math air feur a bhrosnachadh, ach dh'fhaodadh gun toir atharrachaidhean ann am poileasaidh ionaltraidh buaidh fiù 's nas motha:'s e an t-amas cus ionaltradh geamhraidh agus poidseadh a sheachnadh, ach ionaltradh dian agus cur ris as t-samhradh ma bhios sin riatanach. Cuidichidh crodh, nach eil cho roghainneil ri caoraich, le bacadh a chur air ath-phlàigheadh. Ionaltraichidh gobhair luachair gu roghainneil nuair a chuirear iad ann an cluain air a phlàigheadh le luachair.

Earalasan

- Feumaidh an Teisteanas Comais iomchaidh a bhith aig a' ghnìomharaiche frasaidh.
- Na cleachd ach stuthan a tha ùghdarraichte airson a' chleachdaidh seo, ann an dòigh a tha air òrdachadh air an leubail ùghdarraichte no le EAMU. Tha mòran diofar bhranndan de glyphosate, MCPA is 2, 4-D rim faotainn; dèan cinnteach gu bheil stuthan fa leth ùghdarraichte airson a' chleachdaidh shònraichte seo.
- Ma thathar ga chur an sàs le frasair cnap-saic, dèan cinnteach gu bheil an stuth ùghdarraichte airson a cho-chur le làimh.
- Leugh an leubail an-còmhnaidh agus lean molaidhean an t-saothraiche gu cùramach.
- Aig àm frasaidh, bi glè chùramach nach bi frasan dheth a' dol air bàrr agus planntais nan nàbaidhean.
- Faodaidh MCPA agus 2,4-D cùrsaichean-uisge a ghànrachadh. Gabh cùram gus bacadh a chur air frasan faighinn a-steach do chùrsaichean-uisge agus lean cuibhreachaidhean sam bith co-cheangailte ris an sòn sgaraidh a tha air an leubail.
- Lean comhairle an t-saothraiche a thaobh thomhasan iomchaidh airson uidheam frasaidh a ghlanadh. Dèan cinnteach gum bi an tanca-frasaidh, loidhne agus am boom frasaidh agus an t-uidheam siabaidh air an glanadh a-mach aig deireadh an obairfrasaidh. Na glan iad air uachdar cruaidh far am faod stuth cùrsaichean-uisge a ghànrachadh, no na stòraig an t-uidheam far am faodadh e leantainn gu truailleadh air uisge.
- Lean an Còd Cleachdaidh airson Cleachdadh Dìon Planntrais ann an Alba http://www.gov.scot/Publications/2006/12/19110050/0
- Airson buaidhean àrainneachdail cudromach sam bith leithid obair drèanaidh, obair teinneachaidh air talamh neo-leasaichte, no taobh a-staigh raointean ainmichte no cugallach leithid Pàirc Nàiseanta, dh'fhaodadh gum bi feum air Measadh Buil Àrainneachdail fo Riaghailtean Measadh Buil Àrainneachdail (Àiteachas) (Alba) 2006.

Ùghdaran:

Martin Richards, SRUC, Rathad West Mains, Dùn Èideann, EH9 3JG

Gillian McKnight MCIEEM CEnv, SAC Consulting, An Lòchran, Campas Inbhir Nis, Inbhir Nis, IV2 5NA

Production of this Technical Note was funded by the Scottish Government as part of its Farm Advisory Service.